

Fonaigs - modhan-teagaisg

Teagaisg **eòlas** còd na h-aibidil (co-fhreagradh litir/litrichean ri fuaim) agus na **trì sgilean bunaiteach** agus na **fo-sgilean** a tha co-cheangailte riutha



1. Dì-chòdadh (coimeasgadh no cur-còmhlà)

Fo-sgil às aonais priont:

Inbheach ag ràdh nam fuaimean fa leth “/s/ /l/ /a/ /t/.”




Cluinnidh na sgoilearan am fhacal slàn ‘slat’ agus canaidh iad am fhacal slàn “slat”.



Fo-sgil le priont:

Seall na cairtean air a bheil na litrichean a chaidh a theagasg thuige seo:



“Coimhead ris na grafioman *[litir no buidheann litrichean]* agus can na fuaimean.”

Sgil bhunaiteach airson fuaimneachadh

- Thoir sùil air an fhacal sgrìobhte bhon taobh chli chun an taoibh dheis, a’ coimhead airson litir no sreath de litrichean a dh’aithnicheas tu.
- Ruith do sgealbag fo **gach** fuaim agus can na fuaimean bhon taobh chli chun an taoibh dheis.
- Ruith do sgealbag fon fhacal shlàn sgrìobhte agus can am fhacal.
- Atharraich na fuaimean a chanas tu ma thig ort gus am bi iad cho faisg air an fhacal nàdarra ’s a ghabhas.



2. A' bristeadh an-àirde fhaclan

(cuibhreannan fhaclan, litreachadh-le-deasachadh)

Fo-sgil às aonais priont:

- Can am facal “fuar” gu slaodach agus gu nàdarra gus an tèid gach fuaim a chluinntinn gu soilleir [cuibhreannan].
- Can a-rithist na fuaimean fa leth cho coltach ri mar a chanadh tu iad ann an còmhradh 's a ghabhas “/f/ /ua/ /r/.”
- Na can am facal slàn a-rithist an dèidh sin!


Fo-sgil le priont:


Èist airson nam fuaimean a th' anns na faclan.

1. “Èist ri na fuaimean, seall na litrichean le do sgealbaig.”
2. “Èist ri na fuaimean, tagh an t-sreath litrichean.
3. “Èist ri na fuaimean, sgrìobh an t-sreath litrichean.



Sgil bhunaiteach airson fuaimneachadh

- A' cleachdadh do làimh chli, le do bhois a' sealltainn, cunnt na fuaimean a chluinneas tu nuair a chanas tu am facal; tòisich a' cunntadh bho d' òrdaig. 
- Dèan loidhne air do phàipear airson gach fuaim a chluinneas tu. ___ ___ ___
- Cleachd cairtean, litrichean magnaiteach no sgrìobh na grafioman gus am facal a litreachadh.
- Fuaimnich agus coimeasgaich na grafioman gus dèanamh cinnteach gu bheil an litreachadh ceart.

f **ua** **r** 

3. Làmh-sgrìobhadh (a' ceangal litrichean ri fuaimean)

Fo-sgil:


Cùm am pheansail gu ceart le grèim trì-chasach.



“Bidh casan losgainn [òrdag agus sgealbag] a' greimeachadh a' pheansail aig ceann a' phìos a th' air a pheantadh [chan ann air a' phìos a tha mar chòn] agus an loga fòdhpà [an gunna fada].”

Fo-sgil:

“a” mar a th' anns an fhacal ad



A' daingneachadh gum bi cumaidhean litrichean a tha gan sgrìobhadh a' dol bho chli gu deas, agus ag ràdh nam fuaimean aig an aon àm.

A' ruith do chorraig: Ruith do sgealbag air an làimh leis am bi thu a' sgrìobhadh air cumaidhean nan litrichean air na cairtean.

A' ruith do pheansail: Ruith do pheansail air cumaidhean dotagach nan litrichean.

A' copaigeadh: Copraig cumaidhean nan litrichean led chorraig no led pheansail.



Sgil bhunaiteach airson làmh-sgrìobhadh

- Grèim trì-chasach ceart air a' pheansail
- A' suidhe gu ceart aig deasg
- Am pàipear air fiaradh beag, 's an làmh shaor ga chumail gun ghluasad
- Sgrìobh na litrichean agus na faclan bho gu h-ìosal – na cuir car nad làimh no ann an caol do dhùirn
- Can na fuaimean fhad 's a tha thu a' sgrìobhadh nan litrichean mar phàirt de bhith gan litreachadh
- Sgrìobh gu tric air loidhnichean-sgrìobhaidh nuair a tha seo iomchaidh

